

A' GABHAIL CÙRAM AIR FEADH ALBA

CROSSREACHNEWS

A chleachd a bhith Cearcall Cùram

ISSUE 2 2016

ANNS AN
IRIS SEO >>

- Solas Biorach air Teaghlach agus Clann
- Taigh Shimpson aig 30 bliadhna a dh'aois
- Mi fhìn agus M' Obair: Crispin Longden
- Is e Bliadhna na h-Èisteachd 2016
- Fòcas air...Èisteachd
- Cùram Tarsainn na h-Alba

Togail-inntinn

le maoineachas £1.8 millean
bho Riaghaltas na h-Alba airson
Ionadan Luchd-tadhail
Làn-iomradh air duilleag 4



OUR
SERVICE
AREAS >>

- Children and Family
- Counselling and Support
- Criminal Justice
- Homeless People
- Learning Disabilities
- Mental Health
- Older People
- Substance Misuse

CROSSREACH
providing a caring future

For more information visit:
www.crossreach.org.uk

ARTAIGILEAN SÒNRAICHTE

Solas Biorach

» *Tha Viv Dickenson a' cnuasachadh air Bliadhna na h-Èisteachd, ag ràdh gur e am prìomh rud ann an gràdh.*



Duilleag 5

Taigh Shimpson aig 30

» Faigh a-mach mun cheangal eadar an-fhaireachair a bha air a lorg agus seirbheis CrossReach.



Duilleag 6

Mi-fhìn is M' Obair



» Tha Manaidsear Luchd-taic Càirdeis, Crispin Longden, ag innse mun obair aige agus mar a choisinn e baidse Blue Peter!

Duilleag 11



AN ROBH FIOS AGAIBH?

Tha CrossReach beannaichte air sgàth uairean a thìde a tha barrachd air 350 saor-thoilich a' toirt seachad a bhios ri ar taobh ann an iomadach suidheachadh agus a bhios a' toirt taic dhan obair againn.

Naidheachdan

DÙN ÈIDEANN

Chùm CrossReach feill-fàilteachais ann am Pàrlamaid na h-Alba far an do bhruidhinn Modaràtor an Àrd-sheanaidh, An Ceart-Urramach Aonghas Moireastan. Fhuair



an tachartas sponsaireachd le Seumas Eadie BPA, agus chualas iarrtas bhon Mhodaràtor airson taic phoblach do bhuidhnean cùraim shòisealta mar CrossReach. Thuir e 'nach fhaigheadh e seachad air uiread agus càileachd na h-obrach a tha CrossReach a' libhrigeadh do mhuintir na h-Alba.'

STONEHAVEN

Fhuair am Bungalo ann an Stonehaven sgrùdadh gun rabhadh bho Luchd-sgrùdaidh Cùraim agus thugadh dhaibh an comharra as àirde de 6 airson gach ceithir irean de chàileachd (taic agus cùram, àrainneachd, luchd-obrach, agus stiùireadh is ceannardas) – an dàrna bliadhna an dèidh a chèile a choisinn iad na h-irean seo.



BOTHWELL

Tha sinn a' toirt taing do Chlub Òigridh ACTs à Eaglais Sgireil Bothwell a thog £516 tro bhith a' cur dheth na goireasan eileagtronaigeach agus na cleas-uidheaman aca airson 'neo-phlug sponsairichte' 24 uairean a thide. An sin, chleachd iad an ùine gus sgeadachaidhean Nollaige a dhèanamh agus a reic às leth Pròiseact Tràth-Bhliadhnaichean Daisy Chain ann an Govanhill.



Facal bhon Deasaiche

Mar a leughas sibh taobh a-staigh na h-iris seo, is e Bliadhna na h-Èisteachd a tha ann an 2016. Ach, is e Bliadhna an Dad (athair) a tha ann cuideachd – bliadhna subhachais, tuigse, agus co-obrachaidh a sheallas cho cudromach is a tha athraichean ann am fàs leanabha agus a chuidicheas fir a bhith mar a dh'iarraidh iad a bhith mar athraichean. Tha rannsachadh a' sealltainn gun teagamh sam bith gu bheil buaidh mhòr ann do chloinn, do mhnathan agus do theaghlachan ma bhios athraichean taiceil. Ma bheir gnìomhachasan taic agus spèis do athraichean, gheibh iad fhèin luach às, le athraichean a bhios nas dèidheile air an obair aca agus nas fhallaine nan dòigh-beatha. Tha seo a' ciallachadh gum bi an luchd-obrach air am brosnachadh agus nas eifeachdaiche nan obair.

Le sin, tha e inntinneach gu bheil barrachd fhear (agus athraichean) air a bhith tadhal airson taic bho sheirbheisean CrossReach – is dòcha airson comhairle trom-inntinn an dèidh breith leanabha, no duilgheadasan a thaobh dhàimhean, air neo leis gu bheil iad a' fulang le euslaint-inntinn.

Mar athair mi-fhìn, tha fios agam cho doirbh agus cho trom ort is a tha e a' feuchainn ri bhith a' cothromachadh obair is teaghlach. Tha e deatamach gum bi cuideigin ann a dh'èistean ma tha cùisean a' fàs cus – is dòcha gur e caraid teaghlach, no do mhinistear, no fiù 's comhairliche CrossReach ma dh'fhaoidte a bhiodh ann. Le sin is dòcha gu bheil e iomchaidh gur e 2016 an dà chuid Bliadhna na h-Èisteachd agus Bliadhna an Dad. Aig amannan, tha feum aig athraichean air cluas a dh'èistean cuideachd!

Mas àill leibh bruidhinn rinn, cuiribh post-d gu: news@crossreach.org.uk no sgrìobh gu: CrossReach News, Charis House, 47 Milton Road East, Edinburgh. EH15 2SR.

Ùisdean MacIlleDhuinn,
Deasaiche.

Published three times a year by CrossReach. Please feel free to use any material or articles contained in this magazine, with an appropriate credit. CrossReach, Charis House, 47 Milton Road East, Edinburgh. EH15 2SR. Telephone: 0131 657 2000, Fax: 0131 657 5000, Email: news@crossreach.org.uk



The Church of Scotland
Social Care Council

Operating as CrossReach Scottish Charity number: SC011353

A Gaelic version of CrossReach News is available to download from our website: www.crossreach.org.uk



www.crossreach.org.uk

Muinntir na Slighe – A' Gabhail Ceum Còmhla



Fhad is a tha mi a' sgrìobhadh an airtigil seo, tha mi taingeil gu bheil ar n-aithisg bhliadhnaile crìochnaichte, ùghdarraichte le Comhairle a' Chùraim Shòisealta, agus air a cur dhan chlà-bhualadair. Ach, tha mi air fhaighneachd dhiom fhin carson is ann dhan Àrd-sheanadh a-mhàin a tha an aithisg seo a' dol? Tha mi cinnteach gum biodh ùidh agaibhse, a bhios a' leughadh Naidheachdan CrossReach is a tha a' toirt taic dhan obair againn air iomadh dòigh, fios fhaighinn bhon aithisg bhliadhnaile air cuid den obair againn? Is e cuspair ar n-aithisg am bliadhna seo 'Muinntir na Slighe – A' Gabhail Ceum Còmhla' Is e deagh thiotal a tha ann airson an obair a bhios CrossReach a' dèanamh. Bidh a' mhinistrealachd againne a' brosnachadh chomasan dhaoine. Agus, mar mhuinntir na slighe, tha sinn a' gabhail ceum còmhla ri mòran air feadh na h-Alba gus taic a thoirt do chruth-atharrachadh agus gus sunnd dhaoine a leasachadh. Le sin, tha cuspair na coiseachd seo a' ruith tro ar n-aithisg anns gach ceann-cuspair.

Cò ris a bhios sinn a' gabhail ceum?

Bidh sinn a' coiseachd ann an cuideachd raon farsaing de dhaoine agus an luchd-cùraim aca a tha an eisimeil ar taic gach latha den bhliadhna:

- Daoine gun dachaigh
- Daoine aig a bheil trioblaidean le drugaichean agus alcol.
- Daoine le dùbhlain a thaobh slàinte-inntinn.
- Daoine le ciorraman ionnsachaidh.
- Daoine an lùib siostam ceartas eucoirean.
- Clann agus daoine òga le feumalachdan taic a bharrachd, gu h-àraidh an fheadhainn a dh'fheumas taic còmhnaidh agus foghlaim.
- Clann le ciorraman.
- Clann agus teaghlaichean a dh'fheumas taic choimhearsnachd no eadar-theachd tràth.
- Daoine a dh'fheumas comhairleachadh.
- Daoine a dh'fheumas cùram còmhnaidheach no cùram làitheil, cùram san dachaigh, no cùram-faochaidh.
- Daoine le seargadh-inntinn.

Builean ar Coiseachd

Thairis air na beagan bhliadhnaichean a chaidh tha sinn air a bhith a' cnuasachadh air builean seach steach-churan ar n-obair – i.e. chan e dìreach na bhios sinn a' dèanamh ach an diofar a bhios sinn a' dèanamh. Airson cur ris an leudachadh seo, o chionn ghoirid chuir ar suirbhuidh cuideam air builean ar seirbheis an àite tomhas dè cho toilichte is a bha daoine le ar seirbheis

Tha e na mholadh air obair ar luchd-obrach tarsainn a' bhuidhinn gu lèir gun robh na freagairtean cho math is gu bheil iad air an clò-bhuaileadh air duilleag-cùil na h-iris seo.

Is e cuspair ar n-aithisg am bliadhna seo 'Muinntir na Slighe – A' Gabhail Ceum Còmhla' Is e deagh thiotal a tha ann airson an obair a bhios CrossReach a' dèanamh.

Dè na dùbhlain a bhios nar coiseachd?

Ann an àrainneachd far a bheil feumalachdan a' meudachadh agus maoineachadh nàiseanta agus ionadail airson ar seirbheisean a' lùghdachadh, chan urrainn dhuinn a bhith an crochadh cho mòr air airgead bhon roinn phoblach. Sin an t-adhbhar ag a bheil sinn air Manaidsear Leasachadh Luchd-taic a chur an dreuchd o chionn ghoirid. Tha deagh eòlas aige gus ar innleachd airson teachd a-steach eile a lorg a thoirt air adhart.

Tha Crispin na naidheachd anns an iris seo agus tha mi cinnteach gum bi sinn a' cluinntinn bhuaithe anns na mìosan ri thighinn! Faodar cothroman a dhèanamh à dùbhlain cuideachd, agus mar a rinn sinn a cheana coinnichidh sinn riutha.

Is e Òrdugh Sòisealta aon cothrom. Tha seo a' ceangal dhaoine ri goireasan taic neo-mheidigeach. Tha fianais ann gum bu chòir eadar-theachdan sòisealta a bhith ann do dhaoine le euslaintean-inntinn

cumanta. Is e seo ri ràdh gum faod GPs daoine a stiùireadh gu cùram sòisealta agus gnìomhachdan còimhearsnachd.

Tha ar seirbheisean slàinte-inntinn ann an deagh shuidheachadh gus an leithid a thabhainn, agus tha seo dearbhte. Is e dùbhlain a bhios ann gluasad nas fhaigse air a' mhodail seo, ach gabhaidh sinn gach cothrom gus òrduighean sòisealta a mholadh mar dhòigh eifeachdach agus grunn-dail airson dhaoine le euslaint-inntinn.

A' Gabhail Ceum Còmhla

Chan eil sinn a' dèanamh na h-obrach seo ann an aonarachd agus tha sinn gu mòr an urra ribhse, ar luchd-taic, is sinn a' gabhail ceum còmhla.

Tha iomadach dòigh anns am bi sibh a' dèanamh seo agus bu mhaith leam taing a thoirt do gach aon agaibh airson ur dilseachd: tro ùrnaigh le bhith gabhail ri ar Leabhar-là Ùrnaigh; tro bhith a' leughadh agus a' sgoailleadh Naidheachdan CrossReach; tro bhith a' dèanamh CrossReach na charthannas taghta agaibh agus a' fuireach nur tarbhairtearan cunbhalach; tro bhith a' ceannach Miosachain agus Càirtean Nollaige CrossReach; tro bhith nur saor-thoilich agus a' gabhail ceum còmhla ris an fheadhainn a tha an eisimeil ar taic.

Tha mi an dòchas gum broснаich cuid de na h-earrannan às an aithisg bhliadhnaile againn sibh gus cumail oirbh ceum a ghabhail còmhla rinn anns an obair dheatamaich seo.



Tha Peadar Bailey na Àrd-oifigear air CrossReach agus na Rùnaire air Comhairle a' Chùraim Shòisealta



Togail-inntinn le maoinachas airson Ionadan Luchd-tadhail Phrìosan



Tha naidheachd mu mhaoinachas £1.8 millean bho Riaghaltas na h-Alba air daingneachadh gum faigh teaghlaichean fo bhuidh phrìosan cothrom air taic chudromach.

Tha CrossReach, a tha air a bhith a' ruith Ionad Luchd-tadhail Prìosan ann am Peàirt o 2007 ag aithneachadh gur e rud doirbh a dh'fhaodadh a bhith ann dìreach tadhal air neach-dàimh sa phrìosan, gu h-àraidh do chloinn nam prìosanach.

Ann an 2010 thug Prìomh Neach-sgrùdaidh nam prìosan aig an àm, am Bragadair Ùistean Rothach, agallamh dhuinne a-mhàin an dèidh Sgrùdadh ann an HMP Pheairt agus an dèidh a dhol gu Ionad-comhairle is Taic Luchd-Tadhail. Dh'inns sinn mu na beachdan glè làidir aige air Ionadan Luchd-tadhail: "Feumaidh mi a ràdh gu bheil Ionad Luchd-tadhail CrossReach na àite miorbhaileach agus is fìor thoigh leam a' dol ann. Nuair a rinn sinn sgrùdadh air Prìosan Pheairt bha mi ro-thoilichte ceangal a dhèanamh leis an Ionad Luchd-tadhail agus tha mi den bheachd gur e àite iongantach a tha ann. Le sin is i a' cheist dhomhsa: 'Carson nach eil àite mar seo aig gach prìosan?' oir tha fheum orra."

On uair sin, tha mòran air tachairt gus a' cheist aige fhuasgladh. Tha grunnan bhuidhnean, mar CrossReach agus Comhairle Eaglais is Sòisealta a' Khirk, air a bhith ag obair gu cruaidh gus fiosrachadh a chruinneachadh a dhearbhas carson a tha Ionadan Luchd-tadhail èifeachdach agus deatamach airson taic a thoirt do theaghlaichean fo bhuidh ciomachais [cuideigin aca sa phrìosan]. Anns an dùthaich tha mu 27,000 duine cloinne far a bheil pàrant ann an cunnart a dhol gu prìosan agus tha clann le pàrant sa

Tha na h-ionadan am beachd an neo-ionannas sòisealta agus eaconomach a bhios teaghlaichean a' fulang tro chiomachas a lùghdachadh le bhith toirt taic dhaibh gus na prìomh sheirbheisean a ruigsinn.

phrìosan an trì uiread nas coltaiche trioblaid le euslaint-inntinn fhulang na na seisean aca. Is e obair gu math smaoineachail a tha air a bhith ann an seo.

Chaidh Buidheann Stiùiridh Ionad Nàiseanta Luchd-tadhail a chur air bhonn air leis an Urr. Eòghann Aitken a bha cuideachd ga stiùireadh. Thairis air na còig bliadhna a dh'fhalbh tha iomairtean ùra bho bhuidhnean creideas sa roinn shaor-thoileach air taic a thoirt do theaghlaichean phrìosanaich ann an HMYOI Polmont, HMP Cornton Vale agus HMP Barlinnie. Tha CrossReach air taic a thoirt seachad ann an iomadach dòigh. Nar n-Ionad Luchd-tadhail aig HMP Pheairt stiùir sinn pròiseact pileatach ùr ann an co-bhann le Barnardos. Bha THRIVE ag amas air co-obrachadh le teaghlaichean le leanabh fo aois 5 aig an robh pàrant sa phrìosan gus piseach a thoirt air a' chloinn a dh'aindeoin ùpraid mhòr anns na tràth-bhliadhnaichean aca.

Anns an Dùbhlachd 2015 thuir Riaghaltas na h-Alba-a bha air a bhith a' coimhead le ùidh air mar a bha am pròiseact a' fàs agus a bha air

pròiseact pileat aig HMYOI Polmont a mhaoineachadh-gun robh iad a' dol a thoirt seachad £1.8 millean: "Gheibh Ionadan Luchd-tadhail Phrìosan airgead thairis air an ath 3 bliadhna gus taic a thoirt do theaghlaichean fo bhuidh ciomachais gus cothrom a bhith aca air seirbheisean cudromach a ruigsinn mar taigheadas, slàinte, is sochairean. Cuideachd, bidh seirbheisean ùra air an leasachadh airson nam prìosan far nach eil ionadan luchd-tadhail an-dràsta. Tha na h-ionadan am beachd neo-ionannachd shòisealta agus eaconomach a bhios teaghlaichean a' fulang tro chiomachas a lùghdachadh le bhith toirt taic dhaibh gus na prìomh sheirbheisean a ruigsinn. Tha luchd-obrach ag amas air a' chuart eucoireach a bhriseadh tro bhith ag obair air targaidean le cloinn agus cuideachd ag amas air teaghlaichean a bhrosnachadh gus co-luadar a chumail ri chèile tro bhith a leasachadh cothroman tadhal."

Thuir Stiùiriche Seirbheisean Cloinne agus Teaghlaich airson CrossReach, Viv Dickeson, ri Naidheachdan CrossReach: "Is e ceum mòr cudromach a tha seo agus tha sinn a' cur fàilte mhòr air. Chunnaic e solas an là tro cho-obrachadh sgoineil. Cho math ri bun-mhaoineachas a thoirt seachad gus cuideachadh le Ionad Luchd-tadhail CrossReach ann am HMP Pheairt a ruith, tha e air comas a thoirt dhuinn Ionad ùr aig HMYOI Polmont a chuideachadh a dh'fhàs agus a leasachadh gu deireadh 2016, gus am faigh iad cothrom an t-seirbheis taice aca fhèin a ruith airson cuid de na teaghlaichean as dearmadaichte ann an Alba."





Bliadhna na h-Èisteachd

Tha Viv Dickenson Stiùiriche Seirbheisean Cloinne agus Teaghlach a' mìneachadh carson a tha CrossReach dealasach a thaobh a bhith ag èisteachd ris na daoine dham bi sinn a' toirt taic.



Viv Dickenson

Bidh Rannsachadh Droch-dhiol Cloinne na h-Alba a' cur seachad grunn bhliadhnaichean ag èisteachd ri fiosrachadh bho fheadhainn a dh'fhuiling droch-dhiol nan leanabachd ann an suidheachadh cùraim. Bheir seo cothrom na dh'fhuiling iad a dhearbhadh agus gun tuigear agus gun dèanar cinnteach gum bi clann anns na h-amannan ri teachd air an dìon nas fheàrr. Mar sholaraidhe cùraim do chloinn airson barrachd air 100 bliadhna bidh sinn a' co-obrachadh leis an rannsachadh agus a' toirt taic mar as iomchaidh don



Tha Gàrradh Sunflower CrossReach na sheirbheis mhìorbhaileach airson clann aig a bheil pàrantan a bhios a' dèanamh mì-fheum de stuthan. Bidh e a' toirt dhaibh iomadh dòigh innleachdach agus cruthachail airson spòrs, càirdean a dhèanamh, agus coimhead a-staigh do na suidheachaidhean dubhlanach san teaghlach aca. Tha am fios a fhuair sinn air ais bho aon neach òg, chan ann mu na tachartasan, no an spòrs a bha aca, ach mu dhèidhinn rudeigin na bu doimhne cudromach-an t-iarrtas sin air an taobh a-staigh gun èistear rinn agus gun tuigear sinn: "Dh'èist cuideigin rium. Thig gu Sunflower 's bidh fios agad nach eil thu leat fhèin."

Anns a' Mhàrt, dh'fhoillsich Buidheann Slàinte na Cruinne aithisg mu fhàs ann an òrduighean-cungaidh airson pilichean

innleachdan feumail ionnsachadh gus làmh an uachdair fhaighinn air trioblaidean eile nuair a nochdadh iad. Is e a bhith ag èisteachd riutha le treibhdhireas agus fireantachd a' chiad cheum san t-slànachadh agus san ath-bhuannachd aca.

Ann an saoghal far a dh'fhuilingeas 1 a-mach à 4 inbheach agus 1 a-mach à 10 phàistean trioblaidean slàinte-inntinn, chan e Seirbheisean Comhairleachaidh CrossReach a-mhàin a bhios a' tabhainn fhuasglaidhean. Chì thu an cuspair - a' coinneachadh dhaoine anns na h-ionadan dorcha aca, is ag èisteachd agus a' feuchainn rin tuigsinn - a' ruith tron iris seo de Naidheachdan CrossReach. Tha na Seirbheisean Cùraim agus Foghlaim againn air thoiseach. (Fhuair iad sgrùdadh fàbharach bho Luchd-sgrùdaidh Cùraim o chionn ghoirid airson an dòigh anns an robh iad ag èisteachd ri clann). Tha iad a'

fheadhainn a tha air fulang.

Dh'inns Coimiseanair na Cloinne Tam Baillie cho cudromach agus a bha e a bhith ag èisteachd ri clann agus daoine òga gus dreach a chur air poileasaidh, is e a' bruidhinn mu na seachd riaghailtean com-pàirteachaidh do chloinn air am bualadh le ciorram. Bha aon de na daoine òga againn às The Mallard na bhall den sgioba bheag de chlann a thug an t-eòlas aca seachad airson na h-aithisg a tha air fhoillseachadh air làrach-lìn CCYP. Tha Tam ag ràdh: "Tha na riaghailtean a' toirt taic dha na prionnsabalan gu bheil còir aig clann agus daoine òga aig aois agus ìre comais sam bith pàirt a ghabhail anns na co-dhùnaidhean a bhios a' bualadh orra fhèin, agus gu bheil rud luachmhor aca ri chur ri seo." Tha 2016 air ainmeachadh mar Bhladhna na h-Èisteachd (YoL). Le taic bho Breathing Space, Riaghaltas na h-Alba agus luchd-taic eile, tha YoL an dòchas buaidh a thoirt air slàinte-inntinn dheimhinneach gus dùbhan a thoirt dhuinn a bhith ag èisteachd nas fheàrr anns an dachaigh, anns an àit-obrach, agus nar càirdeasan. Cumaidh CrossReach ris an dùbhan seo anns gach raon obrach.

An dèan thusa an aon rud?

Ann an saoghal far a dh'fhuilingeas 1 a-mach à 4 inbheach agus 1 a-mach à 10 phàistean trioblaidean slàinte-inntinn chan e Seirbheisean Comhairleachaidh CrossReach a-mhàin a bhios a' tabhainn fhuasglaidhean.

casg-cianalais do chloinn agus daoine òga. Bhruidhinn Jacqui Lindsay, manaidshear Comhairleachadh CrossReach Lodainn, air BBC Good Morning Scotland. Dhearbh i an t-àite a bha aig pilichean casg-cianalais ann an slàinte-inntinn cuid de na daoine òga. Ach, bhon tuigse aice fhèin, dh'fheumadh iad rudeigin susbainteach eile a thabhainn a bheireadh taic gus clann a chuideachadh is gun tuigeadh iad cò às a bha an iomagain no an trom-inntinn aca a' tighinn. An sin, dh'fheumadh iad taic a thoirt dhaibh airson am misneachadh ath-thogail agus airson

faighinn taic bhon iomairt Street Cones airson dòigh ùr a leigeas le cloinn a tha air an droch dhochann bruidhinn mun dèidhinn fhèin. Tha eisimpleirean eile ann de fhuasglaidhean: an comharrachadh 30 bliadhna aig Taigh Shimpson; obair leantainneach ann an Ionad Tadhail Priosan Pheairt; agus an tòiseachadh air Seirbheis Chòmhruidhean Diomhair. Bidh èisteachd a' cuideachadh ghoirteachaidhean bhon àm a chaidh agus bhon àm làthaireil a shlànachadh. Ach, tha sinn ag aithneachadh cuideachd gu bheil àite cudromach aige cumadh a chur air an àm ri teachd.

If you want to contact the inquiry you can do so by e-mail: information@childabuseinquiry.scot or by telephone on: **0800 0929 300**, or by post: **PO Box 24085, Edinburgh. EH7 9EA.**

Taigh Shimpson aig 30

Tha seann taigh-baile air Sràid na Bànrigh ann an Dùn Èideann air a bhith cuideachadh dhaoine a tha air an greimeachadh le stuthan airson trì deicheadan mar a tha Ùistean Brown ag aithris.

Tha Taigh Shimpson ann an Dùn Èideann air aithneachadh na b' fheàrr mar an togalach far an do lorg Sir Seumas Young Simpson na feartan a bha ann an cloroform mar an-fhaireachair ann an 1847. Gidheadh, chan eil e cho aithnichte gun do chomharraich Taigh Shimpson 30 bliadhna de bhith ag atharrachadh beathan dhaoine tro bhith ag obair còmhla riutha air na dùbhlain an lùib mì-chleachdadh stuthan dhaibh fhèin is dha na teaghlachan aca.

Tha Taigh Shimpson air a bhith air thoiseach air chàch ann an seirbheisean ath-shlànachaidh on a chaidh a chur air bhonn. Leig e le daoine dèiligeadh ris na trioblaidean aca aig an astar aca fhèin gus cothrom eile fhaighinn air a' bheatha aca a thoirt dhan ìre as àirde. Is e rud piantail a dh'fhaodadh a bhith ann a' feuchainn ri dèiligeadh ri ro-dhèidhealachd air stuthan, agus tha na dealbhan a thogadh le Saor-thoileach Ath-shlànachaidh CrossReach, Timothy Aitkman, a' toirt sealladh inntinneach air beathan nan daoine a tha air an turas aca fhèin gu ath-shlànachadh. Bidh iad ri fhaicinn ann an taisbeanadh sònraichte air latha comharrachaidh 30 bliadhna an ionaid.

Faodaidh buaidh làidir a bhith air clann a tha ann an teaghlach far a bheil pàrant fo ghreim cleachdadh stuthan agus dh'fhaodadh nach soirbhich leotha mar bu chòir. Thòisich Seirbheis Sunflower Garden, stèidhichte aig Taigh Shimpson, ann an 2003. Thòisich e às an obair le inbhich agus an tuigse a' tighinn gun robh a' chlann aca a' fulang le duighleadasan air an sgàth. Tha e ag amas air dòighean a thoirt do chloinn airson dèiligeadh ris a' mhì-chleachdadh air stuthan aig am pàrantan. Tha e a' dèanamh seo tro bhith a' toirt misneachd dhaibh, agus a' toirt cothrom bruidhinn agus cothrom na draghan, na faireachdainnean agus na feagalan aca a làimhseachadh. Thuirt Calum a tha 10 bliadhna a dh'aois agus a thàinig gu Sunflower Garden: "Ma thu a' faireachdainn brònach no feargach tha e



Photograph courtesy of Timothy Aitkman



Sir James Young Simpson

cuideachadh tighinn gu Sunflower Garden agus coinneachadh ri daoine eile. Dh'èist daoine rium. Thig gu Sunflower gus am bi fios agad nach eil thu nad aonar."

Bha càilidheachd agus cudromachd na h-obrach seo am measg clann is inbhich air aithneachadh o chionn ghoirid le Comhairle Baile Dhùn Èideann is iad a' feuchainn ris na dòighean libhrigidh aca atharrachadh gus rian ùr a chur agus leasachadh a dhèanamh air seirbheisean a tha air an tairgsinn gu daoine a tha beò le trioblaidean a tha ag èirigh bho mì-chleachdadh air stuthan. Shoirbhich leis an dà sheirbheis againn le

“Is e tighinn airson comhairleachadh an rud a bu duilghe agus a b' eagalaiiche a rinn mi riamh nam bheatha, ach is e an rud a b' fheàrr a rinn mi cuideachd.”

tagraidhean com-pàirteachaidh gus taic leigheasail a libhrigeadh airson an ath thrì bliadhna, cho math ri raon farsaing de sheirbheisean eile a tha air an cumail a' dol le maoinachadh bho charthannas. Le sin faodaidh iad cumail a' dol le dòchas a thoirt seachad anns na suidheachaidhean as dorcha. Seo aon teisteanas a-mach às na ceudan a tha air a bhith air an cuideachadh le Taigh Shimpson anns na trì deicheadan a dh'fhalbh: "Mus tàinig mi gu Taigh Shimpson bha balla-bacaidh ann a chuir mi suas air nach d' fhuair duine seachad; cha robh earbsa agam ann an daoine. A-nis, tha tuigse agam gum faod mi-fhin smachd a ghabhail air a' bhalla-bhacaidh agus cò leigeas mi tarsainn. Is e tighinn airson comhairleachadh an rud a bu duilghe agus a b' eagalaiiche a rinn mi riamh nam bheatha, ach is e an rud a b' fheàrr a rinn mi cuideachd.

Club Làithean-saora Eadar-eaglaiseach

Thàinig buidheann CrossReach 'Working Together - Building Communities' #WTBC ri chèile airson coinneamh dian-bheachdachaidh 'Innovation & Aspiration' anns an Dùbhlachd 2014 gus tòiseachadh air pròiseactan coimhearsnachd a dhealbhadh, agus b' e aon dhiubh 'Club Làithean-saora Eadar-eaglaiseach'.

Thòisich am plana airson Club Làithean-saora Eadar-eaglaiseach nuair a mhol Bel Reynolds (na ball de Eaglais Mheadhanach) am beachd seo dhan Neach-obrach Teaghlaich aig Eaglais Sgìreil Portobello agus Joppa, Michelle Brown. Chunnaic iad seo mar chothrom air na h-eaglaisean anns an sgìre a thoirt ri chèile gus ministrealachd samhraidh a thabhainn do chloinn san sgìre agus aig an aon àm cothrom a thoirt dhan chloinn agus an fheadhainn òga barrachd eòlais a chur air a chèile.

Chaidh Club Saor-làithean Phortobello a chur air bhog anns an Iuchar 2015 agus bha e air a cho-rianadh agus air a ruith le sia eaglaisean: Coimhearsnachd Mhiseanail a' Mheadhain, Portobello; Eaglais Bhaisteach Phortobello; Eaglais Sgìreil Phortobello agus Joppa (Eaglais na h-Alba); Eaglais Chaitligeach Naomh Eòin an Soisgeulaiche, Eaglais Chaitligeach Naomh Màiri Magdalen; agus Eaglais Easbaigeach na h-Alba Naomh Marcus. Airson ceithir latha, lion 76 pàistean agus 40 saor-thoileach na tallachan aig



togalaichean PJPC air Sràid Bellfield agus gàrraidhean agus eaglais Naomh Marcus. Chleachd iad curraicealam an Scripture Union, Waste Watchers, aig an robh an cuspair 'Cruth-atharrachadh'. Ghabh a' chlann pàirt ann an geamaichean, ealain agus ceàirdean, rannsachadh a' Bhiobaill, gàrradaireachd, dràma agus ceòl, le annas no dhà air an t-slighe. Chòrd an cuspair làidir mun àrainneachd ris a' chloinn agus ris na saor-thoilich gu mòr, agus bha raon ann an talamh

Naomh Marcus air a chruth-atharrachadh gu gàrradh brèagha dham faod a' chlann a dhol nuair a thogras iad. Thuirt Michelle Brown: "B' e seachdain mhìorbhaileach a bha ann agus bha e na aoibhneas club làithean-saora seo a dh'fhaicinn tighinn ri chèile. A chionn is gun robh ar ciad fhear cho soirbheachail, tha sinn gu mòr air bhioran airson Iuchar 2016 a dhealbhadh." Airson barrachd fiosrachaidh, tadhail air: www.portyjoppachurch.org

Buidheann Pàrantan Òga Daisy Chain

Tha Manaidsear Seirbheis Kenny Fulton a' mineachadh mar a tha am buidheann ag atharrachadh beathan dhaoine òga ann an Govanhill: "Thuig sinn gun robh sinn a' toirt taic do bharrachd is barrachd phàrantan òga aig Pròiseact Tràth-bhliadhnaichean Daisy Chain le mòran dhiubh a' tighinn bho choimhearsnachdan anns an robh aonaranachd agus far nach robh daoine a' gabhail pàirt. Bhruidhinn sinn ri grunn chaidreach mu na dùbhlain a bha aig na pàrantan sin ann a bhith cumail a' dol ann am foghlam agus mar a dh'fhaodadh cùisean a bhith air an dèanamh ann an dòigh eile. A-nis tha co-obrachadh eadar Pròiseact Tràth-bhliadhnaichean Daisy Chain agus Ionad Taic Phàrantan Òga ann an Glaschu aig Sgoil Smithycroft a' tabhainn buidheann so-ruigsinneach agus speisealach do phàrantan òga gus an cuideachadh a dhol an sàs gu ceart ann am foghlam agus seirbheisean coimhearsnachd."

Tha Kenny ag innse sgeulachd mu Gina



a tha 14 bliadhna a dh'aois agus a bhios a' frithealadh Buidheann Taic Phàrantan Òga le a nighean Anica a tha 18 mìosan a dh'aois: "Tha Gina agus Anica a' fuireach ann am flat beag còmhla ri athair agus màthair Gina agus bràithrean agus peathraichean Gina. Le sin tha an taigh dùmhail agus bha tàir aig Gina ùine dheagh ghnè a chur seachad còmhla ris an nighinn aice. Thug Buidheann Taic Phàrantan Òga àite sònraichte do Gina gus cluich agus tìde a chur seachad còmhla ri

Anica - rud nach eil soirbh dhi a lorg ann an àite sam bith eile. Dh'fhàs na sgilean sòisealta agus misneachd aig an dithis agus bha e iongantach an t-atharrachadh mòr a thàinig nan slàinte-inntinn agus nan slàinte corporra. Cha robh Gina air a bhith anns an sgoil airson bliadhna no dhà (ro agus an dèidh breith Anica) ach bha i ro dheònach a dhol ann. Le taic Sgoil Smithycroft bha i air a clàradh ann an àrd-sgoil faisg air làimh. Bhruidhinn an neach-obrach sòisealachd ris an tidsear iùil aice agus chuir iad air dòigh clàr-ama na bu shùbailte gus am biodh cothrom aice a dhol dhan Bhuidheann Taic Phàrantan Òga Dimàirt agus 'Loc de Joaca' (seirbheis shònraichte cluiche) madainn Dimàirt. Tha seo air Gina a chuideachadh gus sgoil a fhrithealadh agus pàirt a gabhail anns na seirbheisean coimhearsnachd eile a bhios a' toirt taic dhi. Is e an rùn gum faigh pàrantan òga agus an clann na cothroman as fheàrr gus an soirbhich leotha."



Còmhraidhean Dìomhair

Tha neach-teagaisg air a bheil cùram mu sgoilear ealanta, beothail a' faicinn mar a tha e a' crìonadh, is a' strì gus na h-ìrean aige a ghlèidheadh. Chan eil pàrantan an sgoileir ag èisteachd ris na draghan a tha air, is iadsan a' fulang tro bhriseadh-pòsaidh leantaileach.

Tha e air gach innleachd airson soirbheas a tha aig an sgoil a chur an gnìomh, ach a chionn nach eil an sgoileir ionnsaigheach agus gu bheil na bun-fheumalachdan aige air an coileanadh, chan urrainn dha an rud a tha dha-rìribh a dhìth air a' bhalach - pàrantan aig a bheil ùidh ann - a thoirt dha.

Chan e seo a' chiad turas a tha droch bhuaidh air a bhith air sgoilear air sgàth trioblaidean dachaigh, ach an turas seo tha duilgheadas aige smachd a chumail air a bhròn agus a bhriseadh dùil. Tha e air a bhith rag le cho-obraichean agus tha a bhriseadh-dùil a' toirt buaidh air a theaghlach fhèin. Chan eil duine airson cluinntinn an dragh a tha air mu sgoilear a tha a' dol a bhith air a chall.

Is iad na dreuchdan leis na h-ìrean as àirde de ro-uallach san àite-obrach, na dreuchdan ann an slàinte agus sòisealtachd, sochairean agus taigheadas, agus cùram chustamairean.

Tha barrachd ghnìomhachasan a' tuigsinn ma chuireas iad iomairtean airson soirbheas an gnìomh, leithid cothrom air seirbheisean comhairleachaidh, gu bheil seo a' toirt buaidh chan ann air luchd-obrach a-mhàin ach air coileanadh agus toradh an àite-obrach.

Tha an àireamh de ghiomhachasan anns an RA a bhios a' tabhainn seirbheisean slàinte-inntinn tro Employee Assistance Programmes (EAP) air meudachadh 69% o 2008, agus ann an 2013 bha faisg air 47% de shluagh na RA air a chòmhdachadh le prògram shochairean EAP. Ach, airson gnìomhachasan san treas roinn agus gnìomhachasan nas lugha (a chuid as motha dhiubh nan obraichean air a' chunnart as motha bho ro-uallach san àite-obrach) is e an dùbhlann seirbheis EAP fhaighinn a bhios sùbailte agus a bhios freagarrach - sùbailte agus freagarrach airson nan cuingealachdan ionmhais agus nan crìochan anns an dòigh-obrach aca, agus a bhios fhathast comasach air seirbheisean slàinte-inntinn deatamach a sholarachadh dhan luchd-obrach. Airson na feumalachd seo a choileanadh, tha CrossReach air Prògram-taic Cosnaiche sùbailte a chu air bhog ris a chanar 'Còmhraidhean Dìomhair'.

Tha structar Còmhraidhean Dìomhair air dòigh is gu bheil taic ann, an dà chuid do luchd-fastaidh agus do luchd-obrach. Tro chom-pàirteachas le luchd-fastaidh bidh



A rèir Roinn-ghnìomha Slàinte is Sàbhailteachd, tha ro-uallach san àite-obrach a' toirt a-staigh 35% de thinneasan san àite-obrach.

plana sònraichte ann airson seirbheisean soirbheachais a chur an gnìomh agus a shanasachadh. Agus, bidh na seirbheisean comhairleachaidh air an tabhainn ann an dìomhaireachd agus ann an suidheachadh neo-phàirteach.

Tha na seirbheisean air an cur ri chèile a dh'aona ghnòthach gus taic a thoirt do luchd-obrach nuair a dh'fheumas iad i, le geàrr-chomhairleachadh pearsanta a bheir taic ann an àm èiginneach. No faodaidh iad seiseanan taobh a-muigh an àite-obrach fhaighinn far am faod neach-obrach bruidhinn mu dhùbhlannan pearsanta a tha a' bualadh orra san àite-obrach. Tha Còmhraidhean Dìomhair a'

faighinn taic an-dràsta bho Chomhairleachadh CrossReach: Lodainn aig ar n-ionadan ann an Dùn Èideann agus Dùn Bàrr, le plana airson an ùine fhada agus a libhrigeadh gu ionadan comhairleachaidh eile aig CrossReach.

Chan fheum Còmhraidhean Dìomhair in-ionmhais roimh làimh airson a sheirbheisean a chumail a' dol. Tha taghadh aig luchd-fastaidh cia mheid seisean a thabhainneas iad agus chan fhaigh iad cunntas ach airson nan seirbheisean a bheirear seachad.

A chionn gu bheil Còmhraidhean Dìomhair na bhuidheann neo-phrothaide anns na seirbheisean aig Comhairleachadh CrossReach, tha na cosnaidhean gu lèir a' dol dìreach gus taic a thoirt chan ann a mhàin gu feumalachdan slàinte-inntinn aig luchd-obrach ann an gnìomhachasan sa choimhearsnachd, ach cuideachd do dhuine sam bith a dh'fheumas taic bho sheirbheisean slàinte-inntinn.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuir fios gu Confidential Conversations air: **0845 561 0112** no tro phost-d aig: confidential.conversations@crossreach.org.uk.



Ùrachadh Mallard!

On a dh'fhosgail Am Mallard ann an Springburn ann an 1995 tha an rùm mothachaidh air a bhith mòr aig clann agus daoine òga.

Tha Manaidsear Seirbheis, Sandy Russell, ag ràdh: "Tha an rùm mothachaidh a-nis 20 bliadhna a dh'aois le droch fheum air ùrachadh. Thug sinn cuireadh do Spacekraft, companaidh a tha nan eòlaichean air uidheamachd mothachaidh, beachdan a thoirt dhuinn. An-uiridh chriochnaich sinn a' chiad cheum den chruth-atharrachadh a' glanadh a-mach an rùm agus a' cur a-steach an uidheamachd as ùra, nam measg balla LED-dathte a bhios a' gluasad fhaireachdainnean.

Tha labhradairean, air plionta acùstaig cluich-buige, a sgaoileadh crìthean. Is urrainn dhan fheadhainn òga na crìthean fhaireachdainn is tha iad sàr mhath airson nam fèithean a lasachadh, cuairteachadh-fala a neartachadh, agus mothachadh a leasachadh. Bidh an dàrna ceum den rùm deiseil a dh'aithghearr agus na bhroinn bidh brat-ùrlar faidhbhear optaig, tiùb-bhuilgeanan agus suidheachanan sònraichte.


Bha an iomairt gus £12,000 a thogail air a mheudachadh le tabhartasan fialaidh bho obair a rinn Eaglaisean Cùirt a' Chrùin agus Naomh Calum Cille, Lunnainn tron chruinneachadh Nollaig aca, agus cuideachd Eaglais Sgìreil Killermont ann am



Bearsden aig an robh oidhche fharpaiseach.

Bha fios aca an diofar a tha e a' dèanamh ann am beatha aon teaghlaich anns a' choithionail aca.

Tha am fios a tha a' tighinn air ais bhon chloinn, na pàrantan agus an luchd-obrach air a bhith gu math deimhinneach mu thràth - tha an cumadh ùr agus an uidheamachd ùr a' toirt àite nas motha agus àite nas sèimhe dha na daoine òga. Tha sinn a' toirt taing mhòr dhan a h-uile duine a chuidich sinn gus seo a chur air dòigh. Tha sinn an dòchas gun còrd an rùm ùr cho math ris na daoine òga is a chòrd a' chiad rùm agus gu mair e airson 20 bliadhna eile!"



Èisteachd

Is e 2016 Bliadhna na h-Èisteachd

Tha èisteachd air nochdadh mar aon de na faclan fasanta nar dùthaich: thèid innse gum bu chòir dhuinn èisteachd ri clann, èisteachd ri ar caraidean, ar càirdean, is ar co-obraichean. Ach, dè dha-rìribh a tha air iarraidh oirnn? Tha Anna Goldie bho Chomhairleachadh CrossReach aig Ionad Tom Allan ann an Glaschu ag innse dè as urrainn dhuinn a dhèanamh gus fàs nas fhèarr air èisteachd:

Tha èisteachd spreigeach a' ciallachadh gu bheil sinn ag èisteachd ri ar comasan mothachaidh air fad, is chan e dìreach ri ar cluasan a mhàin. Tha e a' ciallachadh gum bi sinn a' cumail ar n-aire air an neach eile gu h-iomlan, is chan e dìreach air na chanas iad, agus tha e a' ciallachadh gu bheil sinn a' cumail aire oirnn fhìn cuideachd agus a' bhuaidh aig a bheil an neach eile oirnn. Is e tòrr a tha air iarraidh.

Tha èisteachd spreigeach a' ciallachadh gun stad sinn rud sam bith eile a tha sinn a' dèanamh agus gun toir sinn ar n-aire gu h-iomlan dhan neach a tha airson bruidhinn.

Feumaidh sinn smaoineachadh mu bheil tìde agus cothrom gu leòr againn airson stad agus èisteachd agus feumaidh sinn a bhith onorach mur eil. Tha daoine taingeil airson cuideigin aig a bheil ùidh gu leòr anna airson ùine a chur seachad còmhla riutha.

Feumaidh sinn coimhead air an neach a tha airson bruidhinn-a bheil iad troimh chèile? A bheil iad a' coimhead toilichte? A bheil iad san àbhaist? A bheil iad a' coimhead mar a shaoileadh tu airson an suidheachadh anns a bheil iad? Dè trum anns a bheil iad? A bheil iad mì-shona? Iomagaineach? Air bhioran? A-nis faodaidh sinn èisteachd le ar cluasan.

Chan fheum sinn freagairt a thoirt seachad le faclan, ach feumaidh sinn fios a leigeil dhan neach gu bheil ar sùilean, ar cluasan agus ar cridheachan fosgailte gan ionnsaigh. Faodaidh sinn seo a dhèanamh le bhith ag aomadh gan ionnsaigh anns a' chathair, le bhith a' cumail ar sùilean air na sùilean acasan, agus as cudromaiche, gun a bhith a' briseadh a-steach.

An uair a bhruidhneas tu, tha e cuideachail dìreach innse beagan na tha thu air cluinntinn bhuapa. Chan eil èisteachd spreigeach a' ciallachadh gum bi thu a' toirt seachad comhairle, co-dhiù gus a bheil sinn dearbh cinnteach gu bheil an neach eile ga iarraidh.

Gu math tric is e na dh'fheumas daoine ach cuideigin aig a bheil ùidh gu leòr anna airson èisteachd agus tuigsinn.

Ma tha ùidh agad do sgilean èisteachd a leudachadh, coimhead a-mach airson dèit Teisteanas COSCA airson Sgilean Comhairleachaidh. Bidh seo a' gabhail àite ann an Ionad Tom Allan. Log a-steach gu www.crossreach.org.uk/cosca-training airson tuilleadh fiosrachaidh no tro bhith co-luadar ri Ionad Tom Allan, 23 Sràid Elmbank, Glaschu, G2 4PB. Fòn: 0141 221 1535.

A' Toirt Taic do Faigh Ceart E Airson Gach Leanabh ann an Alba

Le làn bhuaidh Achd 2014 (Alba) Clann agus Daoine Òga a' dol a bhualadh anns an Lùnastal 2016, tha mòran bhuidhnean a-nis a' dèanamh cinnteach gu bheil iad deiseil airson nan dleasan agus nan uallaichean a bhios na chois. Tha làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba (www.gov.scot/girfec) air a h-ùrachadh gu cunbhalach leis na goireasan agus na bileagan as ùra gus taic a thoirt do Faigh Ceart E Airson Gach Leanabh ann an Alba. Tha aca cuideachd iomlaid fiosrachaidh far am faod buidhnean eisimpleirean de dh'ionnsachadh agus deagh-chleachdadh a roinn.

Tachartas Cruth-atharrachaidh

Is e tachartas cruth-atharrachaidh a tha ann do mhòran dhaoine òga a' fuireach ann an taigh coimhearsnachd Seirbheisean Cùram agus Foghlam CrossReach, an àite taigh cloinne mòir. Leis an t-seirbheis aig Geilsland a-nis air gluasad gu lèir on champas ann an Siorrachd Àir a Tuath, tha sinn a' coimhead air adhart dhan ghluasad o Bhallikrain gu taighean ùra. Bidh a' chiad thaighean, Tuathanas Finniascroft ann an Lennoxton an dùil fhosgladh nas fhaide as t-Earrach.

Rè na h-ùine seo tha CrossReach a' cumail a' dol a lorg iomairtean ùra agus eadar-dhealaichte gus an urrainn a' chlànn agus na daoine òga a bhios a' fuireach còmhla rinn dèiligeadh ris na suidheachaidhean dòirbh a chuir fo chùram iad. Is e aon iomairt ùr iongantach an com-pàirteachas le 'Street Cones' - sgioba luchd-ealain cruthachail aig a bheil eòlas pearsanta air siostam ceartas eucoirean. Tha iad den bheachd gu bheil cluich, còmhradh tèatair agus dèanamh fhilmichean nan

innealan cumhachdach a bheir cuideachadh do dhaoine cnusachadh air a' mhodh aca fhèin agus pàirt a gabhail ann an tachartasan a neartaicheas litearrachd agus a bheir cothroman air ionnsachadh cruth-atharrachaidh.

Tha iad air a bhith ag obair còmhla ri buidheann de dhaoine òga nar sgoil agus a' toirt cothrom dhaibh bruidhinn mu na smaoinean agus na faireachdainnean aca fhèin còmhla ri buidheann a tha air buaidh fhaighinn air na dùbhlain agus na duilgheadasan aca fhèin.

Dh'innis Ceannard Foghlaim, Kyle Fleming, do Naidheachdan CrossReach: "Tha sinn air atharrachaidhean mòra fhaicinn ann an grunn cloinne a fhuair an comas innse mun ghort, mun bheirleach no mun fhearg aca ann an dòigh dheimhinneach. Tha iad nas misneachaile agus nas sunndaiche ri linn. Tha planaichean air dòigh gus an obair fhoillseachadh aig tachartas mòr cruinneil as t-samhradh."

Puingean Ùrnaigh

Airson an fheadhainn a tha airson a bhith ag ùrnaigh, faodaidh sibh, mas e ur toil e, smaoinichadh mu dheidhinn:

- Neach-gairm Comhairle Cùraim Shòisealta, Dr Sally Bonar, is i a' libhrigeadh aithisg CrossReach aig an Àrd-sheanadh anns a' Chèitean.
- Seirbheis ùr Còmhairleachan Diomhair is e ag amas air prògram cuideachaidh a thoirt do luchd-obrach tro chomhairleachadh.
- Luchd-obrach agus saor-thoilich aig Taigh Shimpson ann an Dùn Èideann a tha air a bhith a' tairginn comhairleachadh do dhaoine fo ghreim ro-dhèidhealachdan airson an 30 bliadhna mu dheireadh.
- Daoine air feadh na h-Alba a tha a' cruinneachadh airgead gus CrossReach a chuideachadh a chumail a' dol le seirbheisean cùraim agus taic.
- Na Seirbheisean Teaghlach agus Cloinne againn a tha a' toirt taic dheatamach do liuthad dhaoine nuair as motha a dh'fheumas iad i.
- Ionad Comhairleachaidh agus Taic Luchd-tadhail Prìosan Pheairt agus an obair a thathar a' dèanamh gus co-luadar a chumail eadar teaghlachan agus prìosanaich.

Mas àill leibh ar leabhar-latha ùrnaigh fhaighinn an-asgaidh trè tursan sa bhliadhna, cuiribh fòn gu:

0131 657 2000, no luchdaich a-nuas e ann an cruth PDF bho: www.crossreach.org.uk

Ar n-aithris-rùin

Ann an ainm Chrìosta tha sinn a' sireadh a bhith a' cumail agus a' coisinn air ais an dòigh-beatha as uaisle as urrainn do dhuine sam bith a chaitheamh aig àm sam bith.



CÙRAM TARSAING NA H-ALBA



An dèidh cuirm-fàilteachaidh na Pàrlamaid (faic 'Naidheachdan' air duilleag 2), ghabh Jim Eadie ris ar cuireadh a thighinn a dh'fhaicinn na seirbheisean againn nuair a chaidh e gu The Elms agus Taigh Mhorlich ann an Dùn Èideann. Aig Morlich, sheall ar Manaidsear Seirbheis, Glen Brady, àite a bha air a chruth-atharrachadh gu bhith na 'dachaigh cuimhneachaidh air na 1950an' anns an robh seòmar-fuirich agus ofis a' phuist on àm airson cuimhneachaidhean nan còmhnaicean a spreigeadh, a chuid bu mhotha dhiubh le seargadh-inntinn. Faodaidh tuathalachd dragh a chur air daoine le seargadh-inntinn agus air an fheadhainn a bhios a' toirt cuideachadh dhaibh. Aon de na dòighean anns am bi The Elms a' dèiligeadh ri seo is e a bhith a' cruthachadh àitean tèamaichte (tràigh, gàrradh, agus goireasan siubhail). Tha iad seo air còmhnaicean a leasachadh gu mòr agus cuimhneachaidhean mu làithean-saora agus mu rudan anns a bheil ùidh. Aig an aon àm tha faireachdainnean ro-uallachd agus aonaranachd air an lùghdachadh. Thuir Mgr Eadie mus do dh'fhàg e gun robh CrossReach a' toirt seachad seirbheis luachmhor do sheann dhaoine air taobh a-deas Dhùn Èideann.



Thadhail Modaràtor an Àrd-sheanaidh an Ceart-urramach Dr Aonghas Moireastan agus a bhean Marion air Talla Cumnor mar phàirt den turas aca do Chlèir Inbhir Àir. Choinnich iad leth-aonan Anna agus Anndra Fyfe, sgoilearan air an treas bliadhna aig Acadamaidh Kyle, a tha a' dèanamh pàirt de Dhuais Umha Diuc Dhùn Èideann tro bhith nan saor-thoilich anns an dachaigh-chùraim. Bha an seanair Bill Fyfe na còmhnaiche ann an Talla Cumnor mus do chaochail e beagan mhiosan air ais.



An dèidh aithisg bho Bhuidheann Slàinte na Cruinne gu bheil àrdachadh 54% ann an òrduighean-cungaidh airson trom-inntinn a chasg do dhaoine fo aois 18, rinn Jacqui Lindsay bho Chomhairleachadh CrossReach: Lodainn agallamh air BBC Radio Alba. Thuir i ged a chuidicheas cungaidhean airson trom-inntinn, tha an taic a bhios CrossReach a' toirt seachad na fhuasgladh. Tha fèill mhòr air an t-seirbheis chomhairleachaidh, agus sin as aonais sanasachd. Tha tar-churan bho GPs agus luchd-proifeiseanta cùram-slàinte eile air àrdachadh 98% thairis air an dà bhliadhna a chaidh: "Air dhuinn dèiligeadh ris na feumalachdan gun choimeas seo tro bharrachd chomhairlichean saor-thoilich barantaichte, tha an ùine feitheamh air lùghdachadh gu 2-3 mìosan - ach, tha sinn airson barrachd a dhèanamh. Thairis air an 10 bliadhna a dh'fhalbh tha CrossReach, tro theachd-a-steach charantach, air taic a thoirt gus àireamh chiallach de chomhairlichean a thrèanadh gus dioplòma ann an Comhairleachadh Cloinne fhaighinn. Chuir seo gu mòr ris an àireamh de luchd-proifeiseanta a tha ri fhaotainn le sgilean agus trèanadh gus taic a thoirt do chloinn agus do dhaoine òga na h-Alba. Le mòran bhuidhnean san Treas Roinn mu thràth a' tabhainn deagh sheirbheisean gus cuideachadh dhaoine òga trom-inntinn a cheannachadh, is e ar dòchas gun dèan Riaghaltas na h-Alba com-pàirteachas leinn gus am bi comhairleachadh ann do gach neach a dh'fheumas e."

Anns a' Mhàrt, chomharraich Taigh Cale ann an Inbhir Nis 20 bliadhna àitean-còmhnadh a thoirt do dhaoine singilte, so-leònta is gun dachaigh le 'Feasgar Fosgailte'.



Chaidh Tosgairean Pearsanachadh CrossReach a chur air bhog anns an Fhaoilleach le 8 thosgairean a bhios a' frithealadh 23 seirbheisean. An toiseach cuiridh iad eòlas air gach nì co-cheangailte ri Taic Fèin-Stiùirichte agus an uair sin toiseachaidh iad anns na seirbheisean aca fhèin gus eòlas agus misneachd a thogail ann an Taic Fèin-Stiùirichte. Aig deireadh 2018 thathar an dòchas gum bi tosgaire pearsanachaidh ann airson gach seirbheis aig CrossReach.



Tha Crispin Longden na Mhanaidsear-leasachaidh airson Luchd-taic, agus moiteil gun do choisinn e baidse Blue Peter!

Cuin a thàinig thu gu CrossReach?

Thàinig mi gu CrossReach anns an t-Samhain 2015 an dèidh a bhith 4 bliadhna còmhla ri Christian Aid anns an oifis aca ann an Dùn Èideann. Ron sin bha mi nam mhanaidsear maoinachas in-ionmhais mòran bhliadhnaichean.

Dè tha thu a' dèanamh aig CrossReach?

Is e tiotal mo dhreuchd Manaidsear Leasachadh Luchd-taic agus tha mi aig oifisean meadhanach CrossReach aig Taigh Charis ann an Dùn Èideann. Is e an obair agam cha mhòr 'an rud a tha sgrìobhte air an tiona' - gus ceanglaichean a bhrosnachadh agus a dh'altramachadh airson luchd-taic CrossReach a tha ann agus a dh'fhoadadh a bhith ann. A thaobh manaidseachd, tha agam ri ceanglaichean agus co-obrachadh èifeachdach a bhrosnachadh agus a dh'altramachadh am measg mo co-bhuill anns an Sgioba airson Luchd-taic a Leasachadh

Carson a tha an dreuchd seo aig CrossReach gad thàladh?

Tha mi gam mheas fhèin air leth bheannaichte a bhith a' tighinn gu CrossReach aig àm far nach robh riamh roimhe leithid de chothrom ann airson sealltainn do uiread de luchd-amhairc buaidh ar n-obrach. Fad is farsaing CrossReach, tha eisimpleirean mìorbhaileach de bheathan a tha loma-làn a' leum a-mach; mar eisimpleir, na Seirbhisean Cloinne agus Teaghlach a tha a' nochdadh anns an iris seo. Tha dà rud agam fhin is an sgioba agam ri dhèanamh: anns a' chiad àite, sealltainn gu buill Eaglais na h-Alba agus nas fharsaing na h-eisimpleirean mìorbhaileach sin, agus, anns an dàrna àite, feum a dhèanamh de na



bhios daoine a thoirt seachad a thaobh tiodhlacan airgid, tìm, agus tàlant an gus am bi an obair a nì sinn leanailteach.

A bheil e doirbh a bhith a' faighneachd airson airgead?

Ma tha thu ciallachadh le sin a bhith a' faighneachd gu dòn, seadh; ach, chan e sin a bhios feadhainn a bhios a' cruinneachadh airgead gu ciallach a' dèanamh. Tha eòlas aig a h-uile duine air an t-lachd a tha ann deagh phrèasant a thoirt do chuideigin. Agus tha tòrr den t-lachd sin a' tighinn bhon fhios gu bheil am prèasant a' dol a chòrdadh ris an neach a gheibh e. Is ann mar sin a tha e le bhith a' cruinneachadh airgead gu ciallach agus a' gabhail t-lachd còmhla ris an neach a gheibh an tiodhlac agus ris na rudan mìorbhaileach as urrainn a dhèanamh leis. Mar a tha Lucas 6:38 ag ràdh: "Thugaibh uaibh agus, bheirear dhuibh: deagh thomas, air a gheinneadh agus air a chrathadh ri chèile, agus a' cur thairis, bheir daoine nur n-uchd; oir leis an tomhas len tomhais sibh, tomhaisear dhuibh a-ris."

A bheil do chreideamh cudromach dhut?

Tha. Tha mi nam bhall spreigeach de Eaglais na h-Alba ionadail agam, a' seinn anns a' chòisir, air ceann aoradh, nam neach-gairm comataidh ionmhais agus stiùbhardachd againn. Às iad sin gheibh mi togail airson na luachan Chrìostail a' feuchainn ri chur an gnìomh nam bheatha làitheil. Is e misean CrossReach, 'ann an ainm Chrìosta a' sireadh a bhith a' cumail agus a' coisinn air ais an dòigh-beatha as uaisle as urrainn do dhuine sam bith a chaitheamh aig àm sam bith. 'Gach turas a choinnicheas mi ri aon den luchd-obrach seirbheis againn is e no i a' dèanamh na h-obrach aca gu sàmhach agus gu misneachail, no a bhios mi a' bruidhinn ri aon den luchd-taic againn, tha am misean seo air a chur nam chuimhne a-rithist. Tha e doirbh gun mo chreideamh a chur an gnìomh an uair a chì mi daoine timcheall orm a' dèanamh an aon rud.

Inns dhuinn rudeigin mud dheidhinn air nach eil mòran eòlach...

Gheibh mi a-steach gu Sù Dhùn Èideann an-asgaidh air sgàth is gu bheil baidse Blue Peter agam, rud às a bheil mi moiteil! Fhuair mi e airson ceann-fionn a dhèanamh a-mach à cnèadag agus cnò-daraich is a bha air na sgeilpichean air cùl Trace, Singleton agus Noakes (ag innse m' aois an sin!) airson grunnan phrògraman. Tha mi a' cur luach mòr cuideachd anns an litir chlo-bhuailte a thàinig còmhla ris bho Bidy Baxter. O, agus tha agam Baidse Buannaiche Co-fharpais cuideachd, ach is e sgeul eile a tha sin...

I wish to support **CrossReach** by donating £..... on a single monthly annual basis

If single: Please post us a cheque (payable to CrossReach) or donate online at www.CrossReach.org.uk

If monthly: I would like to make my donation on the 1st/15th (delete as appropriate) of each month starting:/...../.....

If annually: I would like to make my donation on:/...../..... and each year thereafter

Your account details

Name of bank:
Address of bank:
..... Postcode:
Account number:.....
Sort code:

Your personal details

Name (inc title):
Home address:
..... Postcode:
Phone number:
Email address:

To the manager (Bank/Building Society): Please pay Bank of Scotland, 38 St Andrew Square, Edinburgh, EH2 2YR on the date indicated above and thereafter until further notice the sum indicated above for the credit of CrossReach Account No 00227186, Sort Code 80-41-21

If you pay tax, please sign this form and the tax office will give us 25p for every £1 you donate.

I confirm I have paid or will pay an amount of UK Income Tax and/or Capital Gains for each tax year (6 April to 5 April) that is at least equal to the amount of tax that all charities that I donate to will reclaim on my gifts for that tax year. I understand that other taxes such as VAT and Council Tax do not qualify. I understand that the charity will reclaim 25p of tax on every £1 that I give.

Please notify CrossReach if you want to cancel this declaration, change your name or home address or no longer pay sufficient tax.

Signature: **Date:**/...../.....

If you have any questions, call our Supporter Relations team on 0131 657 2000.

Please send this completed form to:

Supporter Relations, CrossReach, Charis House, 47 Milton Road East, Edinburgh, EH15 2SR

giftaid it

THANK YOU FOR YOUR SUPPORT!

Service User Survey 2015

The Service treat me with grace, humility and compassion.



“What a fantastic and genuinely Christian approach to supporting people.”

Each year CrossReach undertakes an annual survey with the people who use the services. This last took place in October 2015 and the key results are displayed below. People who use the service were asked questions in 3 main categories: our client outcomes, our organisational values and customer service. Further details on the full results can be found on our website www.crossreach.org.uk

To feel safe and secure...



“I am happy with the way I am cared for at the service and cannot think of any way it could be improved.”

Staff skills.
Percentage who agree...



“Care Workers though young do an excellent job.”

“Very happy and all staff are very good.”

The Service accept and respect me...



“I have nothing but good words.

Keep up the good work in helping everyone with issues.”

The Service consult and involve me in issues that affect me.



Cleanliness of Service.
95%

Care and support provided. 97%

“I love it, there isn't a better place to be.”